

# An Achd Ùr airson Slàinte Inntinn

**Stiùireadh a thaobh  
tagradh neo-eisimeileach  
Fiosrachadh do Luchd-cleach-  
daidh na Seirbheis agus don  
Luchd-cùraim aca**



healthier  
scotland  
SCOTTISH EXECUTIVE

# An Achd Ùr airson Slàinte Inntinn

Stiùireadh a thaobh  
tagradh neo-eisimeileach

Fiosrachadh do Luchd-  
cleachdaidh na Seirbheis agus  
don Luchd-cùraim aca

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2005

ISBN: 0-7559-4828-9

Riaghaltas na h-Alba  
Taigh Anndrais  
Dùn Èideann  
EH1 3DG

Dèante airson Riaghaltas na h-Alba le Astron B45645 02/06 (Gaelic)

Foillsichte le Riaghaltas na h-Alba, Samhain, 2005

Gheibhear lethbhreacan a bharrachd bho  
Bùth Leabhraichean Blackwell  
53 Drochaid a Deas  
Dùn Èideann  
EH1 1YS

Tha duilleagan-teacsa na sgrìobhainn seo air an clò-bhualadh air pàipear ath-chuartachte agus gabhaidh an ath-chuartachadh 100%

# AN ACHD ÙR AIRSON SLÀINTE INNTINN

## Stiùireadh a thaobh tagradh neo-eisimeileach

Sa Mhàrt 2003, ghabh Pàrlamaid na h-Alba ri lagh ùr, Achd Slàinte Inntinn (Cùram agus Leigheas) (Alba) 2003. Thàinig e gu buil san **Dàmhair 2005**. Tha e a' mìneachadh mar a dh'fhaodas tu leigheas fhaighinn ma tha thu a' fulang bho thinneas inntinn leithid seargadh-inntinn, ciorram ionnsachaidh no mì-rian pearsantachd, agus na còraichean a tha agad.

Is e aon de shreath de leabhraichean mun lagh ùr a tha san leabhran seo, agus tha e a' mìneachadh na còir a tha agad ri tagradh neo-eisimeileach, carson a tha e agus mar a dh'fhaodas e do chuideachadh.

Chaidh an stiùireadh seo a sgrìobhadh dhaibhsan a dh'fhaodadh a bhith ag iarraidh seirbheisean tagraidh a chleachdadh, ach dh'fhaodadh ùidh a bhith aig daoine eile ann, luchd-cùraim nam measg.

### Diùltadh

Ged a tha sinn air ar dìcheall a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gun robh am fiosrachadh a tha san stiùireadh seo ceart nuair a dh'fhoillsicheadh e, chan urrainn dhuinn barrantas a thoirt air seo. Ma tha ceistean sam bith agad a thaobh mar a dh'fhaodadh am fiosrachadh buntainn riut fhèin, bu chòir dhut bruidhinn ri neach-lagha, ris an tagraiche neo-eisimeileach agad, no ri comhairliche iomchaidh eile mu na draghan agad.



## Clàr-innse

- 1 Briathrachas a thathar a' cleachdadh san stiùireadh seo
- 2 Dè a tha ann an tagradh neo-eisimeileach?
- 3 Carson a tha feum agam air tagradh neo-eisimeileach?
- 4 Cò aig a bheil còir air tagradh neo-eisimeileach?
- 5 Na tha an lagh ag ràdh
- 6 Prionnsabalan stiùiridh
- 7 Dè an seòrsa tagradh neo-eisimeileach a tha ceart dhomhsa?
- 8 Dè ma tha mi san ospadal no fo òrdugh?
- 9 Càit an urrainn dhomh faighinn a-mach mu thagradh neo-eisimeileach?
- 10 Ceanglaichean airson tuilleadh fiosrachaidh
- 11 Buidheachasan
- 12 Stiùiridhean eile san t-sreath seo



## 1 Briathrachas a thathar a' cleachdadh san stiùireadh seo

**An Achd:** An Achd Slàinte Inntinn (Cùram agus Leigheas) (Alba) 2003.

**Aithris Ro-dhèante:** is e aithris sgrìobhte a tha seo, air a dèanamh suas agus ainm-sgrìobhte air a chur rithe fhad's a tha an neach gu math, a tha a' mìneachadh mar a bu toil leis/leatha a bhith air a leigheas (no gun a bhith air a leigheas) nam fàsadh e/i tinn san àm ri teachd. Feumaidh fianaisean a bhith an làthair agus ceann-latha a bhith oirre. Feumaidh an Tribiunal agus neach-leighis sam bith aire a thoirt do dh'aithris ro-dhèante, ach chan eil iad air an ceangal leatha. Mur an do lean an Tribiunal no an neach-leighis na miannan san aithris ro-dhèante, feumaidh iad clàr sgrìobhte a' toirt nan adhbharan airson seo a chur chun an euslaintich, gu neach ainmichte an euslaintich agus chun a' Chomisean airson Sochair Inntinn. Tha stiùireadh cuspaireil fa leth ann a tha a' toirt mìneachadh nas mionaidiche air aithrisean ro-dhèante.

**Tagraiche neo-eisimeileach:** fon Achd, tha còir aig neach sam bith air a bheil tinneas inntinn air tagraiche neo-eisimeileach. Is urrainn do thagraiche neo-eisimeileach cuideachadh agus taic a thoirt do dhaoine gus leigeil leotha na beachdan aca fhèin mun chùram agus mun leigheas aca a thoirt seachad.

**Mi-rian inntinn:** Is e briathar a tha seo a thathar a' cleachdadh san Achd agus a tha a' còmhach tinneas inntinn (a' gabhail a-steach seargadh-inntinn), duilgheadas ionnsachaidh no mì-rian pearsantachd.

**Oifigeir Slàinte Inntinn (OSI):** is e neach-obrach sòisealta le trèanadh sònraichte a tha seo, a tha a' dèiligeadh ri daoine air a bheil mì-rian inntinn agus aig a bheil dleastanasan sònraichte orra fon Achd.

**Tribiunal Slàinte Inntinn:** Chaidh an Tribiunal Slàinte Inntinn airson Alba a chur air bhonn leis an Achd gus co-dhùnaidhean a dhèanamh mun chùram's mun leigheas a tha riatanach do dhaoine air a bheil mì-rian inntinn.

**Comisean airson Sochair Inntinn:** Is e buidheann neo-eisimeileach a tha sa Chomisean airson Sochair Inntinn. Is e an dreuchd aige daoine a tha so-leònte air sàilleabh mì-rian inntinn a dhion.

**Neach ainmichte:** Is e neach a tha seo a choimheadas as dèidh gnothaichean an neach ma dh'fheumas e/i leigheas fhaotainn fon Achd.

**Oifigear Meadaigeach Cunntachail (OMC):** Is e seo an neach-leighis, mar as trice lighiche-inntinn co-chomhairleach, a tha an urra ri cùram agus leigheas an neach.

## 2 Dè a tha ann an tagradh neo-eisimeileach?

Is e dòigh a tha ann an tagradh neo-eisimeileach gus guth nas làidire a thoirt dhut, agus smachd cho mòr 's a ghabhas air a bheatha agad fhèin. Tha an t-ainm “neo-eisimeileach” air seach nach eil e ceangailte ris na daoine a tha a’ toirt seachad seòrsachan eile de sheirbheisean. Cha bhi e a’ dèanamh co-dhùnidhean às do leth agus cha bhi e a’ cur faclan nad bheul. An àite seo tha e gad chuideachadh gus am fiosrachadh a tha a dhìth ort fhaotainn gus fìor roghainnean a dhèanamh agus tha e gad chuideachadh gus na roghainnean agad a dhèanamh follaiseach.

Tha tagradh neo-eisimeileach ann gus do chuideachadh le tighinn gu co-dhùnadh mu na tha thu airson a ràdh, agus an uair sin do chuideachadh ga ràdh. Cha bhi tagraichean neo-eisimeileach ag obair do dh’ospadalan no do sheirbheisean obair-shòisealta, agus cha bu chòir gun deadh iarraidh ort pàigheadh airson nan seirbheisean aca.

## 3 Carson a tha feum agam air tagradh neo-eisimeileach?

Glè thrìc, nuair nach eil daoine gu math nan slàinte, chan eil iad cho math air innse dè tha iad ag iarraidh 's a tha iad aig amannan eile. Nuair a tha thu tinn, 's dòcha gun dèan daoine eile co-dhùnidhean cudromach mu na thachras dhut. Nì tagraiche no buidheann-tagraidh cinnteach gun tèid èisteachd ris na beachdan agad nuair a thathar a’ dèanamh co-dhùnidhean.

## 4 Cò aig a bheil còir air tagradh neo-eisimeileach?

Ma tha mì-rian inntinn ort, agus tha seo a' gabhail a-steach:

- tinneas inntinn
- seargadh-inntinn
- ciorram ionnsachaidh
- mì-rian pearsantachd

tha an lagh ùr airson slàinte inntinn a' toirt còir dhut airson tagradh neo-eisimeileach ge brith cò thu no càite a bheil thu a' fuireach ann an Alba. Chan fheum thu a bhith san ospadal no air òrdugh de sheòrsa sam bith.

## 5 Na tha an lagh ag ràdh

- Bidh còir aig gach neach aig a bheil mì-rian inntinn air tagraiche neo-eisimeileach
- Is e an dleastanas aig ùghdarrasan ionadail agus aig bùird shlàinte, ag obair còmhla, seirbheisean tagraidh neo-eisimeileach a thairgse an-asgaidh dhaibhsan aig a bheil mì-rian inntinn
- Ma tha cuideigin fo òrdugh glèidhidh no leighis fon achd, gabhaidh an neach iomchaidh gach ceum reusanta gus innse dhaibh gu bheil tagradh neo-eisimeileach ri fhaotainn, agus gabhaidh iad ceumannan gus dèanamh cinnteach gu bheil an cothrom aca feum a dhèanamh de na seirbheisean sin.

## 6 Prionnsabalan stiùiridh

Tha prionnsabalan stiùiridh aig an lagh agus feumaidh na daoine a tha a' coimhead as do dhèidh an leantainn. Is e aon eisimpleir dhiubh seo gum feum na daoine a tha a' coimhead as do dhèidh beachdachadh air dè a tha thusa ag iarraidh tachairt. Is urrainn do thagraiche do chuideachadh gus seo a dhèanamh, agus cuideachadh gu dèanamh cinnteach gu bheil daoine a' leantainn nam prionnsabalan.

## 7 Dè an seòrsa tagradh neo-eisimeileach a tha ceart dhomhsa?

Tha dà phrìomh seòrsa tagradh neo-eisimeileach ann, tagradh airson neach fa leth, far an tèid do chur còmhla ri cuideigin air stèidh aon ri aon, agus tagradh buidhne. Faodaidh tu co-dhùnadh cò am fear as fheàrr a fhreagras air na tha thu ag iarraidh a dhèanamh aig àm sam bith. Faodaidh tu an dà sheòrsa a chleachdadh aig an aon àm ma thogras tu.

### Tagradh neach fa leth

Tha diofar sheòrsachan tagraidh airson neach fa leth ann. Tha iad uile a' gabhail a-steach gum bi thu ag obair le aon tagraiche. Is dòcha gum bi an neach seo air a phàigheadh, no gun phàigheadh. Is iad na diofar sheòrsachan tagraidh fa leth ris am faodadh tu coinneachadh:

- **Tagradh profeiseanta:** far an tèid do chur còmhla ri tagraiche neo-eisimeileach a dh'obraicheas còmhla riut gus feuchainn ri dèiligeadh ris an trioblaid agad;
- **Tagradh saoranaich:** far an tèid do chur còmhla ri cuideigin nach eil air am pàigheadh, agus dh'fhaidte gum bi thu còmhla riutha airson iomadh bliadhna. Mar as trice, buinidh iad don aon sgìre riut, agus cuidichidh iad thu gus a bhith nad phàirt den choimhearsnachd ionadail agad.

Ge brith dè an seòrsa tagraidh a thaghas tu, cuidichidh an tagraiche thu gus am fiosrachadh fhaotainn a tha a dhìth ort airson roghainnean a dhèanamh, agus an uair sin cuidichidh iad thu gus na beachdan agad a chur thairis. Dh'fhaidte gum bi thu airson 's gun tig iad còmhla riut gu coinneamh ri dotair, gun cuidich iad le trioblaid taigheadais, no gum faigh iad dhut an t-seirbheis a tha a dhìth ort. Ach chan innis iad dhut dè a bu chòir dhut a dhèanamh agus cha dèan iad co-dhùnidhean dhut.

### Tagradh buidhne

Ma thèid thu an lùib buidheann tagraidh neo-eisimeileach, bidh thu còmhla ri daoine a tha san aon t-seòrsa suidheachaidh riut fhèin. Bidh guth agaibh còmhla a thaobh nan seirbheisean a bu chòir a bhith rim faotainn faisg oirbh, agus mar a bu chòir an ruith. Cha bhi buidhnean tagraidh dìreach a' fuireach gus an tèid foighneachd dhaibh dè tha iad a' smaoineachadh mu na tha a' tachairt, tha iad a' co-dhùnadh dè a tha ceart dhaibh agus thèid aca air obair gus rudan atharrachadh.

Canar **tagradh cruinnichte** no **fèin-tagradh** cuideachd ri tagradh buidhne.

## 8 Dè ma tha mi san ospadal no fo òrdugh?

Tha còir agad air tagradh neo-eisimeileach ge brith càite bheil thu ann an Alba, co dhiubh a tha no nach eil thu ann an ospadal no air seòrsa sam bith de dh'òrdugh. Ach tha amannan ann nuair a tha e gu h-àraid cudromach gu bheil cuideachadh aig daoine bho thagraidh neo-eisimeileach.

Is iad is dòcha cuid de na h-amannan sin,

- Ma tha thu a' dol gu èisteachd triùinail
- Ma tha thu air òrdugh a tha a' ciallachadh gum feum thu fuireach san ospadal
- No nach fhaod thu fuireach a-mach às an ospadal ach fo chumhaichean sònraichte
- No gum faod leigheasan ris nach do dh'aontaich thu a bhith air an toirt dhut.

An uair sin bidh dotairean, banaltraman, luchd-obrach sòisealta agus oifigearan slàinte inntinn a' dèanamh cinnteach gu bheil fios agad mu thagraidh neo-eisimeileach agus cuidichidh iad thu gus fhaighinn ma tha thu ga iarraidh. Nuair a bheir daoine dhut fiosrachadh mu thagraidh neo-eisimeileach, bu chòir dhaibh seo a dhèanamh ann an dòigh a leigeas leat a thuigsinn. Mar eisimpleir, bu chòir dha a bhith ann an clò-bhualadh mòr mas e sin a dh'fheumas tu.

## 9 Càit an urrainn dhomh faighinn a-mach mu thagradh neo-eisimeileach?

Ma tha thu san ospadal, no fo òrdugh sam bith, bidh fiosrachadh aig an dotair, a' bhanaltraim, an neach-obrach sòisealta no an oifigear slàinte inntinn agad a thaobh dè an tagradh neo-eisimeileach a tha ri fhaotainn faisg ort fhèin, agus bu chòir dhaibh cuideachd do chuideachadh gus fios a chur gu seirbheis tagraidh neo-eisimeileach mas e sin a tha thu ag iarraidh.

Mura h-eil thu fo òrdugh sam bith, faodaidh tu faighinn a-mach dè na seirbheisean tagraidh neo-eisimeileach a tha faisg ort le fios a chur gu gin de na leanas:

- an roinn obair shòisealta ionadail agad – faic leabhar a' fòn airson na h-àirimh
- **Caidreachas Tagradh Neo-eisimeileach na h-Alba (Scottish Independent Advocacy Alliance (SIAA))** – fòn 0131 455 8183 no air-loidhne aig [www.siaa.org.uk](http://www.siaa.org.uk)
- Cuideachd, bu chòir fiosrachadh mu thagradh neo-eisimeileach san sgìre agad a bhith aig ospadalan, aig ionadan dotair-teaghlaich 's aig ionadan cùram-latha.

## 10 Ceanglaichean airson tuilleadh fiosrachaidh

### **Caidreachas Bipolar na h-Alba**

Stiùidio 1016, Ionad Gnothachais Abbeymill, Rathad Seedhill,

PÀISLIG, PA1 1TJ

fòn: 0141 560 2050

làrach-lin: [www.bipolarscotland.org.uk](http://www.bipolarscotland.org.uk)

### **Caidreachas Trom-intinn Alba**

3 Gàraidhean Grosvenor, DÙN ÈIDEANN, EH12 5JU

fòn: 0131 467 7701

làrach-lin: [www.depressionalliance.org](http://www.depressionalliance.org)

### **Enable**

6<sup>mh</sup> Ùrlar, 7 Sràid Bhochanain, GLASCHU, G1 3HL

fòn: 0141 226 4541

làrach-lin: [www.enable.org.uk](http://www.enable.org.uk)

### **Tribiunal Slàinte Intinn airson Alba**

Ùrlar1, Taigh Bothwell, Pàirc Gnothachais Hamaltain, Pàirc Caird,

HAMALTAN, ML3 0QA

fòn: 01698 390 000

làrach-lin: [www.mhtscot.org](http://www.mhtscot.org)

### **Comisean Sochair Intinn airson Alba**

Ùrlar K, Taigh Earra-Ghaidheil, 3 Sràid Lady Lawson,

DÙN ÈIDEANN, EH3 9SH

fòn: 0131 222 6111

saorfòn do luchd-cleachdaidh na seirbheis 's do luchd-cùraim:

0800 389 6809

làrach-lin: [www.mwcscot.org.uk](http://www.mwcscot.org.uk)

### **Caidreachas Nàiseanta Schizophrenia (Alba)**

Taigh Claremont, 130 Sràid East Claremont, DÙN ÈIDEANN, EH7 4LB

fòn: 0131 557 8969

làrach-lin: [www.nsfscot.org.uk](http://www.nsfscot.org.uk)

**People First (Alba)**

77-79 Rathad Easter, DÙN ÈIDEANN, EH7 5PW

fòn: 0131 478 7707

làrach-lin: [www.peoplefirstscotland.com](http://www.peoplefirstscotland.com)

**Comann Slàinte Inntinn na h-Alba (CSIA)**

Taigh Cumbrae, 15 Cùirt Carlton, GLASCHU, G5 9JP

fòn: 0141 568 7000

làrach-lin: [www.samh.org.uk](http://www.samh.org.uk)

**Comisean na h-Alba airson Riaghladh Cùraim**

11 Slighe Riverside, DÙN DÈ, DD1 4NY

fòn: 0845 60 30 890

làrach-lin: [www.carecommission.com](http://www.carecommission.com)

**Consortium na h-Alba airson Ciorram Ionnsachaidh (CACI)**

Ionad Adelphi, Seòmar 16, 12 Rathad Comeirsealta, GLASCHU, G5 0PQ

fòn: 0141 418 5420

làrach-lin: [www.sclد.org.uk](http://www.sclد.org.uk)

**Caidreachas Tagradh Neo-eisimeileach na h-Alba**

138 Rathad Slateford, DÙN ÈIDEANN, EH14 1LR

fòn: 0131 455 8183

làrach-lin: [www.siaa.org.uk](http://www.siaa.org.uk)

**Oifis Neach-dion a' Phobail**

Taigh Hadrian, Pàirc Gnothachais Callendar, Rathad Callendar,

AN EAGLAIS BHREAC, FK1 1XR

fòn: 01324 678 300

làrach-lin: [www.publicguardian-scotland.gov.uk](http://www.publicguardian-scotland.gov.uk)

## 11 Buidheachasan

Chaidh an stiùireadh seo a dhèanamh ann an co-bhonn ris a' Chomisean airson Sochair Inntinn an Alba, Comann na h-Alba airson Slàinte Inntinn, Caidreachas Nàiseanta Schizophrenia na h-Alba, Caidreachas Tagradh Neo-eisimeileach na h-Alba, Buidheann Dìon an Tagraidh, Ospadal na Stàite aig Caisteal Tarraiss, agus Riaghaltas na h-Alba.

Bu toil leinn taing a thoirt do Emma Harvey airson a cuideachaidh leis an stiùireadh seo.



## 12 Stiùiridhean eile san t-sreath seo

- Achd Ùr airson Slàinte Inntinn – Stiùireadh a thaobh Aithrisean Ro-dhèante
- Achd Ùr airson Slàinte Inntinn – Stiùireadh a thaobh òrdughan leighis riatanach
- Achd Ùr airson Slàinte Inntinn – Stiùireadh a thaobh aonta airson leigheas
- Achd Ùr airson Slàinte Inntinn – Stiùireadh a tha furasta a leughadh
- Achd Ùr airson Slàinte Inntinn – Stiùireadh a thaobh cumhachdan èiginneach agus gearr-ùine
- Achd Ùr airson Slàinte Inntinn – Dreuchd a’ Chomisean airson Sochair Inntinn
- Achd Ùr airson Slàinte Inntinn – Stiùireadh a thaobh dhaoine ainmichte
- Achd Ùr airson Slàinte Inntinn – Stiùireadh a thaobh nan dreuchdan ’s nan dleastanasan aig Bùird SNS ’s aig ùghdarrasan ionadail
- Achd Ùr airson Slàinte Inntinn – Stiùireadh do dhaoine a tha an lùib imeachdan eucoir
- Achd Ùr airson Slàinte Inntinn – Cò mu dheidhinn a tha e uile? Ro-ràdh Goirid

Further copies of this document are available, on request, in audio and large print formats and in community languages, please contact:

اس دستاویز کی مزید کاپیاں آڈیو کیسیٹ پر اور بڑے حروف کی چھپائی میں اور کمیٹی کی زبانوں میں طلب کیے جانے پر دستیاب ہیں، برائے مہربانی اس پتے پر رابطہ کریں:

এই ডকুমেন্ট-এর (দলিল) অতিরিক্ত কপি, অডিও এবং বড়ো ছাপার অক্ষর আকারে এবং সম্প্রদায়গুণে লোর ভাষায় অনুরোধের মাধ্যমে পাওয়া যাবে, অনুগ্রহ করে যোগাযোগ করুন:

Gheibhear lethbhreacan a bharrachd ann an cruth ris an èistear, ann an clò mòr agus ann an cànan coimhearsnachd. Cuir fios gu:

इस दस्तावेज़/कागज़ात की और प्रतियाँ, माँगे जाने पर, ऑडियो टैप पर और बड़े अक्षरों में तथा कम्प्यूनिटी भाषाओं में मिल सकती हैं, कृपया संपर्क करें:

ਇਸ ਦਸਤਾਵੇਜ਼/ਕਾਗਜ਼ਾਤ ਦੀਆਂ ਹੋਰ ਕਾਪੀਆਂ, ਮੰਗੇ ਜਾਣ 'ਤੇ, ਆੱਡਿਓ ਟੇਪ ਉੱਪਰ ਅਤੇ ਵੱਡੇ ਅੱਖਰਾਂ ਵਿਚ ਅਤੇ ਕੰਮਿਊਨਿਟੀ ਭਾਸ਼ਾਵਾਂ ਦੇ ਵਿਚ ਮਿਲ ਸਕਦੀਆਂ ਹਨ, ਕ੍ਰਿਪਾ ਕਰਕੇ ਸੰਪਰਕ ਕਰੋ:

此文件有更多備份，如果需要，語音版本和大字體版本及少數種族語言版本也可提供，請聯絡：

يمكن أن تطلب النسخ الأخرى من هذا المستند كالتسجيل الصوتي والخط الكبير ونسخ بلغات أخرى، يرجى الإتصال على:

Fòn 0131 556 8400.

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2005

Gheibhear an sgrìobhainn seo cuideachd air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba: [www.scotland.gov.uk](http://www.scotland.gov.uk)

Astron B45645 02/06 (Gaelic)

Gheibhear lethbhreacan a bharrachd bho  
Bùth Leabhraichean Blackwell  
53 Drochaid a Deas, Dùn Èideann, EH1 1YS

Òrdain fòna agus ceistean  
0131 622 8283 no 0131 622 8258

Òrdain facsa 0131 557 8149

Òrdain post-d [business.edinburgh@blackwell.co.uk](mailto:business.edinburgh@blackwell.co.uk)

Thathar a' meas gu bheil an t-eadar-theangachadh seo na riochdachadh cuimseach dhen tùs-sgrìobhainn

ISBN 0-7559-4828-9



9 780755 948284